



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# Ar Facail - Ceistean a' Phrìomh Mhinisteir


Le Àrd-sgoil Phort Rìgh agus Magic Torch Comics

Bidh Ceistean a' Phrìomh Mhinisteir (FMQs) ann gach Diardaoin agus mairidh e 45 mionaid.


Gach seachdain tha e ri fhaicinn air an telebhisean.



'S e seòrsa de sgrùdadh air an Riaghaltas a th' ann an Ceistean a' Phrìomh Mhinisteir. Tha e a' toirt cothrom do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba ceistean a thogail mu chuspairean a tha air nochdadh sna sgìrean-pàrlamaid aca agus na freagairtean a bhith air an clàradh.



Bidh e a' tachairt anns an t-seòmar-deasbaid. Bidh 129 BPA an làthair mar a bhios am Prìomh Mhinistear, an t-Oifigear Riaghlaidh agus an Leas-oifigear Riaghlaidh. Bidh luchd-naidheachd, luchd-aithris na h-Aithisg Oifigeil, aoighean sònraichte aig a bheil cuireadh bhon Oifigear Riaghlaidh agus buill den mhòr-shluagh cuideachd an làthair.



Bidh an t-Oifigear Riaghlaidh a' suidhe dìreach mu choinneamh a' Phrìomh Mhinisteir le Leas-oifigear air gach taobh dheth no dhith. Ann an Ceistean a' Phrìomh Mhinisteir tha e an urra riutha ceistean buntainneach a thaghadh, ach a bhith neo-phàirteach. Feumaidh an t-Oifigear Riaghlaidh an t-sìth a ghleidheadh tro Cheistean a' Phrìomh Mhinisteir.




Gus a' coimhearsnachd aca a riochdachadh gu h-èifeachdach agus gus deasachadh airson ceist fhaighneachd aig Ceistean a' Phrìomh Mhinistear, feumaidh BPA èisteachd ri luchd-taghadh na sgìre-pàrlamaid aca.



Is urrainn do dhaoine fios a chur chun a' BhPA aca ann an iomadh diofar dòigh.

Cuir fios chun BhPA agad



Tha puist-dealain èifeachdach gus fios a chur gu BPA.



No faodaidh daoine coinneachadh ris na BPA aca aig freastal-lannan sna coimhearsnachdan aca.

Dè mu dheidhinn sgoilearan aig a bheil feum air taic a bharrachd?



Tha BPA daonnan deiseil airson èisteachd ri ceistean no draghan.

A-nochd tha sinn a' bruidhinn mu mhaoin as ùr do choimhearsnachdan dùthchail...




Beachdachaidh BPA air na prìomhachasan agus na beachdan eadar-dhealaichte sin uile nuair a tha iad a' co-dhùnadh dè a' cheist a chuireas iad a-steach.



Bidh an t-Oifigear Riaghlaidh a' taghadh mu shia ceistean a dh'fhaighnicheas BPA nam beingean-cùil. Feumaidh BPA na ceistean sin a chur a-steach air an Diluain ro Cheistean a' Phrìomh Mhinisteir. Mar as trice 's e na ceistean as motha sna naidheachdan a thèid a thaghadh agus tha ùine aig a' Phrìomh Mhinisteir freagairtean a dheasachadh do na ceistean sin.



Gheibh Ceannardan nam Pàrtaidhean cuideachd cothrom ceistean fhaighneachd ris nach eil dùil aig a' Phrìomh Mhinisteir.



Uaireannan faodaidh ceistean doirbh a bhith air an deilbh airson feuchainn ri uireasbaidh a shealltainn sa Phrìomh Mhinisteir, ach cuideachd tha àite cudromach aca ann a bhith a' cuideachadh gus an Riaghaltas a sgrùdadh.



Ann an Ceistean a' Phrìomh Ministeir, 's e an t-Oifigear Riaghlaidh a tha a' co-dhùnadh cò bhruidhneas agus a tha a' cumail rian san t-seòmar. Feumaidh an t-Oifigear Riaghlaidh a bhith neo-thaobhach agus cothrom na Fèinne a thoirt dhan a h-uile duine.



Am faod mi iarraidh air a' Phrìomh Mhinisteir gealltanais a thoirt gun tèid seirbheisean slàinte-inntinn do dhaoine òga a leudachadh?



Uill, tha e follaiseach gu bheil sinn uile glè dhraghail mu na dùbhlain a tha a-nis mu choinneamh nan daoine òga againn agus 's ann air an adhbhar sin...



Tha a' cheist agus an fhreagairt air an clàradh, agus aig a' cheann thall faodaidh iad, gu cinnteach, tòiseachadh air buaidh a thoirt air poileasaidh agus air tasgadh.

**aidheachdan a'**  
**FUILLEADH MAOIN AIRSON**  
**SEIRBHEISEAN SLÀINTE-INNTINN?**

Tha e cuideachd a' cuideachadh dhaoine gus faicinn gu bheil iad nam pàirt den phròiseas agus gu bheil Riaghaltasan cunntachail dhaibh.



Tha am modh-obrachaidh seo de cheasnachadh agus cunntachail eachd uile a' tòiseachadh le èisteachd.



Am faod mi faighneachd den Phrìomh Mhinistear...



Agus cha bhi e a' stad.

Faodaidh tu coimhead air Ceistean a' Phrìomh Ministear air <https://www.scottishparliament.tv>



Airson coimhead air ceistean a' Phrìomh Mhinistear agus gach gnothach eile aig Pàrlamaid na h-Alba, dèan sgan air a' chòd QR le fòn no tablaid.

[www.facebook.com/scottishparliament](http://www.facebook.com/scottishparliament)  
[@scotpar](https://twitter.com/scotpar)  
[www.parliament.scot](http://www.parliament.scot)  
0131 348 5000